

Suidhichte air làrach cho dràmatach 's a tha an Alba, tha tobht Caisteal Urchadain mar sgàthan air eachdraidh riaslach a' chaisteil.

# A' RANNSACHADH CAISTEAL URCHADAIN

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg



A' RANNSACHADH LÀRAICHEAN EACHDRAIDHEIL



## Loidhne-tìm

**580** Dùn Cruithneach air an làrach

**1230an** Caisteal togte aig a' cheann a deas le Sir Ailean Durward

**1296 – 1308** Ionnsaigh Eideard I air Alba, glacar an caisteal; an caisteal aig diofar dhaoine uair is uair

**1342** Tadhailidh Dàibhidh II

**1395** Bheir Tighearnas nan Eilean ionnsaigh is glacar an caisteal

**1411** Glacaidh an Crùn an caisteal a-rithist

**1400an** Togar togalaichean a tuath air a' chaisteil aosta

**1437-76** Tuilleadh ionnsaighean aig Tighearnas nan Eilean

**1509** Urchadan ga thoirt mar ghibht dhan teaghlach Granndach le Seumas IV; togar Tùr nan Granndach an dèidh seo.

**1545** Creachar an caisteal le Tighearnas nan Eilean

**1644** Ionnsaigh aig na Cùmhnantaich; goidear on chaisteal is fuadaichear na Granndaich.

**1690** Fo ionnsaigh aig Seumasaich; spreadhaidh luchd-dìon an caisteal 's iad ga fhàgail

**1715** Tuitidh balla deas Tùr nan Granndach ri linn stoirme

**1912** Caisteal ga thoirt fo chùram na stàite

**Suidhichte air làrach cho dràmatach 's a tha an Alba, tha tobht Caisteal Urchadain - no Caisteal na Sròine - mar sgàthan air eachdraidh riaslach a' chaisteil. Bheir ionad-tadhail beòthail barrachd soillse air beatha làitheil a' chaisteil.**

## Cùl-sgeul Eachdraidheil

A rèir na tha sgrìobhte, thadhail Calum Cille Loch Nis mu 580. Chaidh e tro Ghleann Urchadain, a' stad greiseag gus 'bèist-uisge' fhuadach agus fear uasal Cruithneach a bhaisteadh 's e a' bàsachadh na dhùn. Ged nach eil fianais chruaidh a' ceangal an dùin seo ri làrach Caisteal Urchadain, dearbhaidh fuigheall àrsaidheil gun robh am pàirt is àirde den chaisteal na làrach fìor dhaingnichte aig an àm seo.

Thig barrachd fiosrachaidh mun chaisteal an uachdar an dèidh còrr is còig ceud bliadhna, mu 1230, àm a thug Alasdair II oighreachd Urchadain do Shir Tòmas le Durward. Thog a mhac-san, Ailean, an ciad chaisteal air taobh deas na sròine ann an Urchadain.

Na shuidheachadh cudromach sa ghleann, chaidh gu dona leis a' chaisteal ri linn Cogaidhean na Saorsa. Air a ghlacadh le Eideard I Shasainn an 1296, ghéill esan is chaidh a thoirt air ais do na h-Albannaich an 1298. Cha b' fhada gus an robh an caisteal an sealbh cuideigin eile an 1308 nuair a ghabh Raibeart Brus smachd air air sgàth Crùn na h-Alba.

O dheireadh an 14mh linn, b' ann san iar a bhathar ri bagairt. B' iad na nàimhdean ùra seo Clann Dòmhnail, Tighearnas nan Eilean. An 1395 ghabh na Dòmhnallaich fearainn agus caisteal Urchadain, agus fad ceud bliadhna an dèidh seo bhathar a' sabaid mun chaisteal is mun ghleann. An 1470 chaidh Sir Donnchadh Grannd a chur ann feuch an cumadh e smachd air cùisean. Mean air mhean shoirbhich le ogha agus mar dhuais chaidh tiotail na h-oighreachd is a' chaisteil a thoirt dha le Seumas IV an 1509. Thog na Granndaich ionad-còmhnaidh ùr dhaibh fhèin air taobh tuath na sròine.

Ach cha b' e beatha shocair a bha an dàn do luchd-còmhnaidh a' chaisteil fhathast geta. An 1545 chuir na Dòmhnallaich ruaig air a h-uile duine sa chaisteal ri linn an 'Creach Mhòr' dheireannach, agus an 1644 chaidh an caisteal a sgrìos a-rithist agus na Granndaich fhuadach, an turas seo le buidheann de Cùmhnantaich a bha an aghaidh taic nan Granndach do Theàrlach I. Thàinig an ionnsaigh mu dheireadh an 1690, nuair a spreadh saighdearan dearga, a bha an dèidh sèist Sheumasach a philleadh, cuid de na togalaichean 's iad a' fàgail. Cha deach an sgrìos a chàradh a-riamh, agus chì thu fhathast pìosan de na ballachan briste far an do thuit iad.



## Taic foghlaim agus teagaisg

Tha turas gu Caisteal Urchadain gu h-àraid iomchaidh don luchd-teagaisg a tha ag obair air cuspairean sgoile mar:

- Na Meadhan Aoisean
- Caistealan
- Cogaidhean na Saorsa

Tha an t-Curraicealam airson Sàr-mhathais ag amas air sgoilearan a bhrosnachadh agus dùbhlanaidh a chur romhpa tro raon farsaing foghlaim. Tha ròl sònraichte aig turais gu làraichean ann a bhith a' ceangail buil an fhoghlaim thar a' churraicealam. Cuidichidh turas, agus cleachdadh stuth-taice, ann a bhith a' leasachadh:

**luchd-ionnsachaidh soirbheachail** le bhith a' cur dùbhlanaidh ro sgoilearan smaoineachadh mu mar a dh'atharraich beatha dhaoine. Cuidichidh seo iad ann a bhith a' meòrachadh gu critigeach mu fhianais agus an co-dhùnadh fhèin a dhèanamh.

**neachan misneachail.** Ionnsachaidh sgoilearan mu ghnèithean de sheann-beatha an coimhearsnachd, tuigidh iad atharrachaidhean sòisealta, cuiridh iad an luachan fhèin an cèill agus am beachd a thoirt seachad air diofar cheistean eachdraidheil is sòisealta.

**daoine glìce ciallach.** Cuidichidh e ann a bhith a' toirt barrachd tuigse do sgoilearan air rudan sòisealta is eachdraidheil, a' brosnachadh tuilleadh urraim do na tha mun cuairt orra de dh'eachdraidh agus do dh'obair-togail an latha fhèin.

**daoine a bheir seachad fios gu h-èifeachdach** le bhith a' leudachadh eòlas is tuigse sgoilearan tro smaoineachadh rannsachail, cruthachail agus critigeach.

## Ron turas

- Cuidich sgoilearan tuigse nas fheàrr fhaighinn air an sgèile-tim le bhith a' dèanamh loidhne-tim leotha, a' cunntadh air ais 's gach linn is a' comharrachadh prìomh thachartasan ann an eachdraidh a' chaisteil. Ghabhadh cur ri seo an dèidh an turais.
- Tog deasbad mu òrdugh beatha caisteil. Dh'fhaodadh sgoilearan ròl nan 'urracha mòra' seo a rannsachadh: **stiùbhard** (os cionn an teaghlach), **maor-sìth/neach-glèidhidh** (os cionn tèarainteachd), **marasgal** (os cionn còmhail is conaltradh). 'S e seo aon phrìomh thèama ann an taisbeanaidhean an ionad-tadhail 's mar sin tha e na dhòigh fìor mhath air deasbad a thogail mu bheatha làitheil ann an caisteal.
- Tog deasbad le sgoilearan mu na gnìomhan fa leth a rachadh air adhart ann an caisteal. Dh'fhaodadh iad rannsachadh a dhèanamh air cuspairean diofraichte (m.e. biadh, siubhal, fèistean, buill-airm) gus an ullachadh don turas.
- Tog deasbad mu rangachd beatha na h-Alba sna meadhan aoisean is an ròl a ghabhas tighearna caisteil air sgàth an luchd-riaghlaidh.
- Tha e feumail ma bhios briathrachas a bhuineas ri ailtireachd caisteil aig sgoilearan oir nì seo deasbad air làraich nas fhasa. 'S dòcha gum bi faclan mar seo feumail: **lios, seòmar, slighe-bhogha, lùb gunna, staidhre shnìomhanach, tom caisteil (motte), privy, taigh-chalman, drochaid-thogalach, eirc-chòmhlà, sail.** Dh'fhaodadh sgoilearan faclair sgoile le dealbhan a chur ri chèile gus na h-ainmean sin a mhìneachadh.
- Tha e doirbh do chuid de phàistean tuigsinn nach robh a-riamh ann an caisteal ach tobht. Tog deasbad mu mar a bheir gaoth is sìde buaidh air coltas togalaich cho math ris an iomadh atharrachadh a nì daoine air togalaichean a dh'aona ghnòthach.

## Obair air an làraich

Agus iad a' rannsachadh a' chaisteil bu chòir sgoilearan a bhrosnachadh suil chritigeach a thoirt air na chì iad agus teòraidhean a chur ri chèile 's fheuchainn, stèidhichte air fianais chruaidh. Seo puingeann-tòisichidh feumail:

- An dùil carson a thogadh an caisteal an seo? Dè an dìon nàdarraich aige?
- Dè an stuth a chleachdadh gus an caisteal a thogail? Cò às a thàinig e? Bheil stuth sam bith a dh'fhaodadh a bhith air a ghrodadh no a chaidh a ghoid on àm sin?
- Dè fianais a tha ann air beatha làitheil (m.e. ithe, teas, taigh beag is nighe)?
- Dè fianais a tha ann air luchd-seilbh a' chaisteil?
- Ciamar a dh'atharraich an caisteal thar nam bliadhnaichean?

Faodaidh sgoilearan fianais a chlàradh le bhith a' sgrìobhadh nòtaichean, a' breacadh dhealbhan, a' gabhail dealbhan-camara 's a' clàradh rudan air teip.

Air làrach-lìn Alba Aosmhor, [www.historic-scotland.gov.uk/education\\_unit](http://www.historic-scotland.gov.uk/education_unit) gheibh luchd-teagaisg goireasan a bharrachd mar thaic air obair air làraich. Nam measg seo tha a bhith a' cur ri chèile *Clàr Fianaise* agus *Clàr Mo Bheachdan Fhèin*.

## Molaidhean-obrach an dèidh an turais

An dèidh an turais faodaidh sgoilearan na fhuair iad a-mach a chur còmhla. Dh'fhaodadh seo a bhith mar bhunait do raon gnìomhan-taisbeanaidh, leithid:

- Leabhar-treòir neo bileag do luchd-tadhail eile
- Taisbeanadh shleamhnagan le aithris mun turas aca
- Sgrìobhadh macmeanmail stèidhichte air beatha nan daoine a bha a' còmhnaidh sa chaisteal.



## Air lorg caistealan Urchadain


Treòirichidh an t-slighe-turais a mholas sinn thu fhèin 's do sgoilearan mu làrach iom-fhillte Urchadain agus cuidichidh e thu ciall a dhèanamh de na tobhtaichean fa leth a th' air fhàgail o linntean eadar-dhealaichte. An dèidh taisbeanaidhean sònraichte an Ionad Tadhail fhaicinn, molamaid gun tadhail thu ochd prìomh àite, comharraichte air a' phlana air dheas:

1. Taobh a-muigh Caisteal Urchadain
2. A' Chlach-bhogha (Trebuchet)
3. An Drochaid-thogalach is An Taigh-Geata
4. Seòmar nan Geàrdan is Ionad-còmhnaidh an Neach-Glèidhidh
5. Am Mullach is an Taigh-chalman
6. An Geata-Uisge is Clobhsa na Seirbheis
7. An Talla Mòr
8. Tùr nan Granndach

Tha cùl-fhiosrachadh ga thoirt seachad sa phasgan do gach àite. Tha e sgrìobhte ann an cànan sìmplidh chor is gun leughar a-mach do sgoilearan e mas math leat. Cuideachd thathar a' moladh ceistean-deasbaid. Thathar a' dìreadh air sgoilearan a bhrosnachadh an togalach a mhìneachadh is co-dhùnadh a ruigsinn o na chì iad mun cuairt orra.

Bheir an turas a mholar mu uair a thide.

## Plana Caisteal Urchadain





### Robh fhios agad...

Dh'fhosgladh an Ionad Tadhail an 2001 agus bha e air a dhealbh chor is gum biodh e iomchaidh a thaobh dreach na tìre 's nach milleadh e an t-sealladh. An dùil an do dh'obraich seo?



*An Ionad Tadhail on chaisteal*

## Nòtaichean turais: air lorg caistealan Urchadain

### An Ionad Tadhail

An dèidh clàradh leis an Stiùbhard aig an ionad-fàilte, dèan do shlighe sìos don Ionad Tadhail. O nach eil taigh beag air làrach a' chaisteil bhiodh e math feum a chur air an taigh bheag an seo mun tèid thu don chaisteal. Faodaidh tu nuairsin dol dìreach sìos cadha a' chaisteil; gidheadh, is math is d' fhiach e eadhon tamall beag a chaitheamh san Ionad Tadhail. Rudan sònraichte:

- Taisbeanaidhean de rudan a lorgadh air an làraich, agus mac-samhlaidhean.
- Taisbeanaidhean mu bheatha làitheil agus obair prìomh luchd-stiùiridh a' chaisteil (stiùbhard, neach-glèidhidh, marasgal is sagart/ministear).
- Modail a sheallas mar bu dòcha bha coltas a' chaisteil mu 1600. Thoir sùil gu sònraichte air an drochaid-thogalach aige.
- Bhideo a sheallas mac-samhla de chlach-bhogha mhòr (trebuchet) ag obrachadh, a' tilgeil bhall mhòra air targaid. Chì thu buill tùsail cuideachd.

Cuideachd is dòcha gum bu mhath leat **bhideo 8-mionaid** mun chaisteal fhaicinn anns an amharclann bheag. Bheir seo eachdraidh gheàrr mun chaisteal, le tachartasan ath-chruthaichte a rèir mar a bha. Ged nach amais seo gu sònraichte air clann, tha de dhràma is de shealladh ann a chumas an aire agus bheir e faireachdainn air choreigin air cuid de phrìomh thachartasan eachdraidheil na làraich.

**Seas am beulaibh an Ionad Tadhail a' coimhead sìos air a' chaisteal 's an loch.**



Caisteal a' sealltainn cnoc agus balla-cùrteir

## Suidheachadh 1: Taobh a-muigh Caisteal Urchadain

**Cùl-fhiosrachadh. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Bha dùn no caisteal air an làraich seo fad co-dhiù 1500 bliadhna. Sna seann làithean b' e bàta a' chòmhdhail a b' fheàrr. Tha Loch Nis glè fhada 's mar sin bha e mar shlighe cudromach - car coltach ri mòr-rathad an latha an-diugh. An duine a bha mar cheannaire a' chaisteil, b' e ceannaire an locha agus smachd aige air a h-uile duine a bha ag iarraidh siubhal seachad air.
- Shabaid tòrr dhaoine diofraichte mun chaisteal seo agus is gann àm nach robhar a' toirt ionnsaigh air 's ga ath-thogail. Bha co-dhiù trì caisteal fa leth an seo. Chì sinn measgachadh de dhà dhiubh an-diugh. Bha uair a bha e air caisteal cho mòr is cho làidir 's a bha ann an Alba gu lèir.

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Seall mun cuairt ort. An smaoinich thu air adhbhar eile 'son 's gum b' e seo àite fìor mhath do chaisteal?

Am faic thu dòighean sam bith a bh' aig daoine air an caisteal a dh'ionnsaigh?

### Freagairtean a tha a dhìth

Air cnoc - deagh àite-faire air a h-uile taobh.

Cuideachd aig ceann glinn eile a' dol an iar.

Fuigheall balla mun chaisteal. Dig.

**Gabh sìos an cadha on Ionad Tadhail a dh'ionnsaigh a' Chaisteil is stad ris a' chlach-bhogha mhòr ath-chruthaichte.**



Caisteal Urchadain mar bu dòcha bha a choltas aig toiseach an 17mh linn (modail le Jim Masson air thaisbeanadh ann an Ionad Tadhail a' Chaisteil)



### Robh fhios agad...

Dh'fhàs na saighdearan a chleachd na clach-bhoghanan glè dhèidheil orra - bha fiù ainmean aca orra!



Clach-bhogha



Buill Clach-bhogha

## Suidheachadh 2:A' Chlach-Bhogha

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Bhiodh balla àrd mu Chaisteal Urchadain gu lèir. Chì thu fhathast pìos dheth, air taobh clì an taigh-gheata. Nam biodh tu airson ionnsaigh a thoirt air a' chaisteal, bhiodh agad ri dol tro na ballachan sin dòigh air choreigin. Bha tòrr dhòigh ann seo fheuchainn.
- Mu ochd ceud bliadhna air ais, an 1296, thug Eideard I Shasainn ionnsaigh air Alba 's air Caisteal Urchadain. Bhris e sìos ballachan a' chaisteil le inneal coltach ris an tè seo. Theirear **trebuchet** ri seo (fuaim. **tre-boo-shay**). Seo mac-samhail ùr stèidhichte air inneal às an Fhraing.
- Tha e ag obair mar chlach-bhogha mhòr a thilgeas clachan mòra le 70 cileagram de chuideam annta air na ballachan. Tharraingeadh iad sìos an sail mhòr leis a' chloich na suidhe ann an lion sa cheann. Nuair a leigeadh iad an sail leatha, rachadh a' chlach an aghaidh a' chaisteil. Tilgidh i astar 200 mheatair co-dhiù! Chì thu bhideo san Ionad Tadhaile de dhaoine a' feuchainn seo an-diugh. Chì thu cuid de na clachan cuideachd.

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

### Freagairtean a tha a dhìth

Am faic thu an lion san suidheadh a' chlach?

Lìon aig ceann na saile.

An dùil ciamar a tharraingeadh iad sìos an sail?

Dè bheir air an sail a dhol sìos?

Seall air a' cheann eile.

Cuideam mòr air ceann eile na saile le clachan.

An dùil carson a tha cuibhlean oirre?

Gus a faighinn san t-suidheachadh cheart.

An dùil dè thachradh an dèidh dhaibh na clachan a thilgeil air na ballachan?

Ma thòisicheadh na ballachan a' tuiteam, bhriseadh an luchd-ionnsaigh a-steach don chaisteal.

An smaoinich thu air mì-bhuannachd sam bith le bhith a' cleachdadh na clach-bhogha?

Bheireadh e ùine mhòr na buill cloiche a dhèanamh.

Cha robh amas dìreach ceart agad.

Glè throm a ghluasad.

Bhiodh tu nad thargaid fhurasta on chaisteal.

An smaoinich thu air dòighean eile a dh'fheuchadh luchd-ionnsaigh gus faighinn a-steach don chaisteal?

Le reithe-cogaidh.

Fàraidhean gus na ballachan a streap.

Tunailean fo na ballachan.

Losgadh sìos nam ballachan.

A' dèanamh sèiste mun chaisteal, gun biadh a leigeil a-steach no a-mach chor is gun gèilleadh muinntir a' chaisteil no gum bàsaicheadh iad leis an acras.

**Cum ort air a' chadha is stad air an drochaid fhiodha.**



## Robh fhios agad...

Bhiodh an taigh-geata fada na b' àirde. Cha robh luchd-dìon mu dheireadh a' chaisteil airson 's gun rachadh e a chleachdadh gu bràth tuilleadh. Nuair a dh'fhàg iad, spreadh iad pìosan dheth. Chì thu pìosan den taigh-geata nan laighe mun drochaid. Shoirbhich leotha - cha do ghlac duine sam bith an caisteal a-rithist!



Drochaid-thogalach is taigh-geata



Claisean eirc-chòmhlha aig an taigh-geata

## Suidheachadh 3: An Drochaid-Thogalach is an Taigh-Geata

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- **Am faic thu an taigh-geata romhainn?** B' e seo am pàirt bu laige de dhìon a' chaisteil. Rinn an luchd-dìon na b' urrainn dhaibh an taigh-geata a chumail sàbhailte is stad a chur air daoine o bhith a' faighinn a-steach.
- Sna seann làithean b' i an drochaid seo drochaid-thogalach. Shlaodadh an luchd-dìon suas i nam faiceadh iad cuideigin a' tighinn. Gheibheadh iad a-mach cò thu mun rachadh a h-ìsleachadh a-rithist. Ma sheallas tu air cliathaich na drochaid, **am faic thu far am biodh colbhan na drochaid a' dol a-steach?**

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Mun ruigeadh iad an drochaid-thogalach bhiodh rudeigin eile air stad a chur air an luchd-ionnsaigh. Am faic thu dè bh' ann?

Ciamar a chuireadh i stad air daoine?

### Freagairtean a tha a dhìth

Dìg leathann dhomhainn.

Doirbh gluasad thairis oirre gu luath gun tuiteam.

Dh'fhaodadh i bhith làn puill no bog ri linn sìde fhliuch.

**Rach tarsainn na drochaid is seas taobh a-staigh an taigh-geata.**

- Bhiodh ballachan àrda air gach taobh den trannsa eadar an drochaid-thogalach is an taigh-geata.
- Nan soirbhicheadh leat dol thairis, bhiodh agad an uairsin ri faighinn seachad air cliath mhòr mheatailte ris an canar **eirc-chòmhlha**. Chì thu tè air bonn sgillinn. Rachadh an geata seo a-steach gu claisean san taigh-geata. Rachadh a shlaodadh suas is sìos o shuas. **Am faic thu na sliotain cloiche seo os do chionn agus air gach taobh?**
- Bhiodh dà gheata fhiodha eile ann cuideachd.
- Os do chionn bhiodh àrd-ùrlar fiodha. Bha tuill ann ris an canar **tuill muirt!** Dh'fheuchadh na geàrdan ri losgadh ort tro na tuill seo air neo ri ola ghoileach a dhòirteadh ort nan ruigeadh tu cho fada seo.

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Nam biodh tu a' toirt ionnsaigh air a' chaisteal, cia mheud cnap-starradh a bhiodh agad ri dhol troimhe mum faigheadh tu a-steach don chaisteal?

### Freagairtean a tha a dhìth

Balla mun cuairt a' chaisteil gu lèir - loisgeadh daoine ort on bhalla.

Dìg dhomhainn.

Drochaid-thogalach. Eirc-chòmhlha.

Dà gheata fhiodha.

Tuill muirt.

**San taigh-geata, tionndaidh air chli gu seòmar beag air a bheil Loidseadh nan Geàrdan.**





### Robh fhios agad...

Mar bu bheartiche thu 's ann na b' fheàrr a bhiodh do phrìosan! Bu tric na h-eucoirich shaidhbeir gan cumail gu cofhurtail.



Sealladh thar na drochaid-thogalaich



Cùlaist-leapa ann an loidseadh an neach-glèidhidh

## Suidheachadh 4: Seòmar nan Geàrdan is Loidseadh an Neach-Glèidhidh

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- B' e seo seòmar nan geàrdan. Bhiodh an geàrd, no am portair, ag obair an seo, car coltach ri geàrd-tèarainteachd an latha an-diugh. Gheibheadh e a-mach cò bha cò mun leigeadh a-steach don chaisteal iad.
- B' i tè de dh'obraichean tighearna caisteil lagh is òrdugh a chumail san sgìre air sgàth an rìgh no na banrigh. Chumadh eucoirich sa chaisteal mun deuchainn. **Am faic thu am prìosan an seo?**

**Gabh suas staidhre an latha an-diugh gu Loidseadh an Neach-Glèidhidh.**

- Bha obair chudromach aig an Neach-Glèidhidh sa chaisteal. Bha esan os cionn tèarainteachd. B' esan ceannaire nam portairean, nan dorsairean, nam boghadairean is nan gunnairean agus luchd-dìon eile sa chaisteal. Seo far na dh'fhuirich e. B' e seo an t-seòmar-còmhnaidh aige. Gu math tric bu duine uasal e fhèin 's mar sin bha àite-còmhnaidh gu math cofhurtail aige - chì thu gun robh e mòrail o chionn 's gun robh taigh beag prìobhaideach aige!
- Gabh tron t-seòmar bheag, seòmar-leapa. Thèid thu seachad air an àite far am biodh an neach-glèidhidh ag àrdachadh an eirc-chòmhlha no ga ìsleachadh.

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

### Freagairtean a tha a dhìth

Am faic thu far an caidleadh an Neach-Glèidhidh?

Cha chaidleadh esan air cloich lom - is dòcha gum biodh bobhstair fraoich no pòcan lionte le connlach aige.

Ann an cùlaist na leapa air taobh deas an t-seòmair.

Is dòcha gum biodh e air e fhèin a shuaineadh ann am plaide.

Taigh beag!

Dè eile a lorgas tu san t-seòmar a dh'fhàgadh na bu chofhurtaile e?

Teallach gus a chumail blàth.

Dè chì thu on uinneig aige?

Sealladh den drochaid-thogalach agus de bhallachan a' chaisteil.

An dùil carson a bha an t-sealladh seo aige?

Gus sùil a chumail air cò bha a' tighinn a-steach don chaisteal.

**Gabh sìos an staidhre a-rithist is a-mach don taigh-gheata. Tionndaidh gu deas is coisich air cadha 's an sin suas staidhre an latha an-diugh don phàirt is àirde den chaisteal. Aig bàrr na staidhre tionndaidh gu deas a dh'fhaicinn pannail le dealbh tarraingte de is dòcha mar a bhiodh an caisteal an 1600. Gabh air chli don cheann is fhaide air falbh den chaisteal.**



### Robh fhios agad...

Seans gun do thadhail Calum Cille an 580 BT. Stad e aig dùn air Loch Nis is bhaist e duine uasal Cruithneach. 'S dòcha gun robh an dùn far a bheil sinne nist! B' e Calum Cille an ciad duine air aithris a chunnaic Niseag cuideachd....



Sealladh on mhullach a' coimhead mu thuath



Tuill chalman san taigh-chalman

## Suidheachadh 5: Am Mullach is an Taigh-Chalman

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Seo am pàirt is aosta den chaisteal. Lorg àrsairean rudan a dh'innseas dhuinn gum biodh dùn Cruithneach an seo còrr is 1500 bliadhna air ais. Chan fhaic sinne sìon den dùn seo a-nis - tha e air a ghrodadh air falbh.
- Fada an dèidh seo, sa bhliadhna 1230 is dòcha, dh'iarr Rìgh Alasdair air fear de na h-uaislean aige, Sir Ailean Durward, caisteal a thogail an seo. Bha e an dùil 's an dòchas gun cumadh Sir Ailean smachd air a' phàirt fhiadhaich seo de dh'Alba!
- Chan eil mòran de chaisteal Shir Ailean air fhàgail. Tha e doirbh dèanamh a-mach ciamar a chleachdadh na togalaichean. An dùil dè an t-seòmar-sa?

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

An dùil carson a bha seo a-riamh na àite math do chaisteal?

### Freagairtean a tha a dhìth

Àrd, deagh àite-faire. Smachd air an loch.

**Am faic thu togalach cloiche cruinn fodhat? Rach sìos chuige.**

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Is tobt an togalach seo a-nis. 'S e tùr àrd ris an canar taigh-chalman (no *dovecot*) a bh' ann. Bheil fhios aig duine dè th' ann?

An dùil carson a chumadh iad calmain? Bhiodh na calmain nan laighe ann am bogsaidhean beaga, tuill chalman. Cia mheud a chì thu a-nis?

An dùil dè am biadh eile a dh'itheadh iad?

Cò às am faigheadh iad e?

### Freagairtean a tha a dhìth

Àite san cumadh calmain ('doos').

Feòil ùr is uighean - gu h-àraid cudromach sa gheamhradh. Chan eil ach ceithir dhiubh air fhàgail.

Fèidh, tuirc - air an sealg sna coilltean.

Crodh is caoraich - taobh a-muigh ballachan a' chaisteil.  
Glasraich is measan - air am fàs taobh a-muigh ballachan a' chaisteil.  
Iasg on loch no às na h-aibhnichean.  
Coineanaich.  
Cearcan, tunnagan, geòidh.

- Nas fhaide fodha tha fuigheall togalaich eile. Saoilear gum b' e seo pàirt de chaisteal Shir Ailean uair, structair mòrail le ceithir làr agus sàr-ionad-còmhnaidh. 'S dòcha gun robh e ceangailte ris an lios le cadhanna-ceuma fiodha.

**Gabh air ais sìos an cnoc is tionndaidh gu deas gus sùil nas mionaidiche a thoirt air na tobhtaichean mas math leat; air neo gabh air chli is stad aig geata air a bheil an Geata-Uisge.**



### Robh fhios agad...

Tha Loch Nis air a dhol am meud! Chleachd e bhith na bu aodomhainn. Nuair a thogadh An Canàl Caledònianach sna 1800an, dh'èirich ìre uisge an loch trì meatair!



Geata-Uisge



Sealladh mu thuath on mhullach

## Suidheachadh 6: An Geata-Uisge agus Clobhsa na Seirbheis

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Canar an Geata-Uisge ri seo - **an tomhais thu carson?** Sna seann làithean bha e na b' fhasa astar fada a shiubhal air uisge. Bheirte bathar don chaisteal o bhàtaichean air an loch. Rachadh a luchdachadh air tràigh 's an sin a thoirt suas don chaisteal.
- Gu mì-fhortanach, bha e math do nàimhdean a bhiodh a' tighinn 's a' falbh cuideachd. Sna 14-1500an bu tric an caisteal fo ionnsaigh aig Clann Dòmhnail, tighearnan cumhachdach on taobh siar. Nuair a dh'fhalbh iad, thug iad leotha gach rud a ghabhadh giùlain - caoraich, crodh, àirneis, acmhainn - fiù sgalagan on chaisteal. Sheòl iad air falbh leis a h-uile rud a bha seo sìos an loch.

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

An dùil carson am b' e rud math stuth a thoirt a-steach le bàta?

An smaoinich thu air mì-bhuannachd sam bith le bhith a' siubhal air bàta?

### Freagairtean a tha a dhìth

Na bu luaithe na bhith ga thoirt thar tìr - gun chnocan no rathaidean doirbhe. Eadhon nam biodh nàmhaid mun cuairt a' chaisteil air tìr, gheibhte biadh a-steach don chaisteal fhathast.

Cunnartach nam biodh i stoirmeil. Chìtheadh daoine a' tighinn thu - ionnsaigh a thoirt ort 's tu a' tighinn gu tìr. Dh'fheumadh tu bàtaichean a dh'fhaodadh a bhith daor. 'S dòcha gun tigeadh tinneas-mara ort.

- Bhiodh coltas glè dhiofraichte air an àrainn seo 500 bliadhna air ais. Theirtheadh clobhsa na seirbheis ris agus 's ann far am biodh na sgalagan trang rin obair. Bhiodh sgalagan a' giùlain rudan chun a' chidsin is uaithe, daoine a' giùlain uisge agus is dòcha cearcan is coin a' ruith mun cuairt cuideachd. Bhiodh fàileadh an arain ann, is fuaim cruidhean nan each air a' chlach-mhuil, agus fuaim òrdan nan gobhannan.
- Chì thu na th' air fhàgail den stàball.

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Tha fhios gun robh còrr is ceud duine ag obair sa chaisteal nuair a bha an tighearna aig an taigh.

Cia mheud obair fa leth sa chaisteal air an smaoinich thu?

Seall mun cuairt airson rudan a dh'innses mu na daoine seo 's tu a' coiseachd mun chaisteal.

### Freagairtean a tha a dhìth

Portair, geàrd, còcaire, fuineadair, muillear, gobha, neach-circe, gàirnealair, neach-togail, piobaire, sgalag, saor, teachdaire, fear-bàta 's mar sin.

**Till don taigh-ghèata. Gabh an cadha an taobh eile is tionndaidh gu deas dìreach ro cheumannan a dhìreas.**



An Talla Mòr



Uinneag san t-seòmar-stòrais

## Suidheachadh 7: An Talla Mòr

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- B' e an tobht seo am pàirt bu chudromaiche den chaisteal uair. B' e an Talla Mòr. Seo far am biodh fèistean is ceilearadh, ach cuideachd deuchainnean-cùirte. Seo far am biodh tighearna a' chaisteil no an rìgh ri fearas-mhòr. **Am faic thu fuigheall ceithir uinneagan a bhiodh sìos air aon taobh den talla?**
- Fon talla bha seòmraichean-stòrais. Chì thu fhathast cumadh nan seòmraichean. 'S dòcha gun cumadh iad biadh is baraillean fìona sna seilearan seo.
- Faisg air làimh bhiodh cidseanan far an dèantadh biadh nam fèistean. Faodar smaoinichadh cho trang 's a bhiodh iad nuair a bhiodh aoighean cudromach a' fuireach!

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

### Freagairtean a tha a dhìth

Bhiodh an talla na sheòmar mòr mòr. An obraich thu a-mach tuairmse dè a mheud is a leud ann am meatairean?

'S dòcha 15 meatair a dh'fhaid agus 5m a leud.

An dùil cia mheud duine a thoilleadh e? Seas ann am buidheann ach an obraich thu a-mach e!

'S dòcha 300 duine.

An dùil dè seòrsa fèisteis a bhiodh aca aig na fèistean?

Luchd-ciùil - pìobairean, clàrsairean, seinneadairean.  
Innse sgeulachdan.  
Cuirmean.  
Dannsadh.

Thoir sùil air uinneagan nan seòmraichean-stòrais. Am faic thu rud sam bith a dh'innseas dhut gum biodh iad fo gheàrd geur?

Tuill ris an uinneig a sheallas gum biodh gadan an sin.

An dùil dè thachair don chloich uile a bha mar phàirt de na ballachan?

Chaidh a toirt air falbh airson obair air togalaichean eile.

**Dèan do shlighe air ais air a' chadha, suas an staidhre is a dh'ionnsaigh Tùr nan Grandach air taobh tuath na sròine, a' dol seachad air làrach an t-seann chaibeil air chli. Stad aig doras an tùir.**



### Robh fhios agad...

An 1644 nuair a bha Màiri, a' Bhantighearna Ghranndach, na h-aonar sa chaisteal thugadh ionnsaigh air. Chaidh goideadh oirre is an sin chuir iad teicheadh oirre. Thug an luchd- ionnsaigh an uiread 's gun cualas i a' gal 's ag ràdh 'chan eil air fhàgail agam aon neapraig air an ith mi m' fheòil'. Cha do thill na Granndaich a dh'fhuireach sa chaisteal gu bràth tuilleadh an dèidh sin.



Slighe-steach Tùr nan Granndach



An t-Seòmar a-Muigh

## Suidheachadh 8:Tùr nan Granndach

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Cha mhòr 500 bliadhna air ais chuireadh Sir Seon Grannd na Thighearna Urchadain. Thugadh an caisteal dha le Rìgh Seumas IV mar dhuais 's e air smachd a thoirt air a' cheàrnaidh. B' e an caisteal a phrìomh-ionad. Thog e an tùr seo mar ionad-còmhnaidh dha fhèin 's dha theaghlach. Theirear Tùr nan Granndach ris fhathast.
- Seo far am biodh na Granndaich air socair. B' e àite prìobhaideach dhaibh e. Chan fhaigneadh a-steach ach an càirdean dlùth no daoine san robh mòran earbsa aca.
- An 1715 bhuail stoirm mhòr an caisteal. Thuit pìos mòr de bhalla an tùir sìos.

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

B' fheudar na Granndaich a bhith fòs faiceallach a thaobh tèarainteachd. Dè dìon slighe-steach an tùir?

Bhiodh cuideachd geata aig slighe-steach na liosa far a bheil sinn nar seasamh a-nis - chì thu fuigheall gu h-iseal fhathast.

### Freagairtean a tha a dhìth

Dìg le drochaid so-ghluasad.  
Geata iarainn aig an doras.  
Chumadh geàrdan faire on bhalla air chli agus aig bàrr an tùir.

**Gabh sa chaisteal is suas an staidhre don dàrna làr.**

- 'S dòcha gur e an t-Seòmar Prìobhaideach a theirte ri seo. Bha e na sheòrsa de sheòmar-còmhnaidh agus bidh do na Granndaich, far am faodadh iad a bhith air an socair le càirdean dlùth.
- Sna seann làithean bhiodh e tòrr na bu sheasgair na tha e nis. Thoir fa-near, bhiodh na ballachan uile ann! Bhiodh pannalan fiodha orra air neo obair-ghrèis chrochte gus a chumail blàth.
- Dhèanadh na Granndaich tòrr siubhail, agus bheireadh iad leotha an cuid àirneis! Nuair nach robh iad an seo bhiodh glè bheag de dh'àirneis air fhàgail sa chaisteal.
- Bha na seòmraichean shuas, pàirt dhiubh ri fhaicinn, nan seòmraichean prìobhaideach, far am biodh an Tighearna is a' Bhantighearna air an aoi ghean a chumail sona 's far an caidleadh iad fhèin. **Am faic thu an t-seann teallach?**

### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Air a' bhalla dheas, seall suas ris an làr shìos fon àite sam biodh an teallach. An dùil càite robh teallach an làir-sa?

Bhiodh am mullach tòrr na b' ìsle. Am faic thu rud a dh'innseas càite am biodh am mullach?

Bhiodh geàrdan daonnan a' cumail sùil air na Granndaich. Ma sheallas tu suas ris an ath làr, feuch am faic thu na tuill gunna às an loisgeadh na geàrdan.

### Freagairtean a tha a dhìth

Os cionn an teallaich fodha.

Chì thu na tuill san rachadh sailean a chur a-steach.

Air a' bhalla a tuath fon uinneig chì thu dà tholl daga.

**Gabh suas an staidhre don fhìor-mhullach.**



### Robh fhios agad...

Bheir liosta de na chaidh a ghoid on chaisteal an 1545 deagh shealladh dhuinn air na bha ann: 12 leapanan-clòimh le bobhstairean, plaidean is cuibhrigean; dabhaich-grùdaidh, bioran-ròstaidh, poitean is sgeileidean; ciste le £300 innte; 20 gunna, fùdair, deiseachan-airm; geataichean iarainn; bùird is pìosan eile d' àirneis, agus, gus a h-uile bad dheth a thoirt air falbh, trì bàtaichean mòra.



Sealladh gu deas on Tùr



A' coimhead suas an Tùr on Ear

- B' e seo tùr nan gearran. Bhiodh seòmraichean beaga suas an seo airson òigridh an teaghlach agus sgalagan cudromach. Am faic thu fuigheall teallaich?
- Bhiodh ceithir turaidean stòite a-mach às gach oisean. Theirte '*belvederes*' riutha, a' ciallachadh 'àiteachan-faire àlainn'. Bheireadh iad seallaidhean brèagha agus deagh àiteachan-faire suas is sìos an loch gu lèir. Bhiodh e na dheagh àite gus ionnsaigh a thoirt air daoine bho os cionn cuideachd.
- Sna seann làithean bhiodh na cnocan fo chraobhan. Bha am pàirt seo de dh'Alba ainmeil a thaobh sealg an fhèidh. Thàinig Rìgh Dàibhidh II anns an t-samhradh 1342 agus dh'fhan e sa chaisteal a dh'aona ghnòthach a dhol a shealg.

#### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

#### Freagairtean a tha a dhìth

Air bàrr na staidhre, fon chiad uinneig, am faic thu tuill aig ìre ùrlair?

An dùil ciamar a rachadh iad seo a chleachdadh?

Gus losgadh sìos air luchd- ionnsaigh san loch, air neo gus ola no gainmheach theth a dhòirteadh orra.

Am faic thu na coilltean sam biodh Rìgh Dàibhidh ri sealg?

Chìthear coilltean air iomadh taobh.

An dùil dè spòrs eile a chòrdadh ris na Granndaich?

Boghadaireachd.  
Seabhagaireachd (le eòin chreiche).

- Ma thèid thu an t-slighe gu lèir gu làr ìseal a' chaisteil, tha seòmar-stòrais ann. Faodaidh tu seasamh taobh a-muigh a' chaisteil cuideachd is coimhead suas ri ballachan àrda an tùir.

#### Spreagadh an Luchd-Teagaisg

#### Freagairtean a tha a dhìth

An dùil carson a tha cho beag de dh'uinneagan air a' bhalla seo?

Gu tèarainteachd - balla nas làidire.

Am faic thu na tuill air na caisealachdan far am faodadh ionnsaigh a thoirt bho os cionn?

Dìreach os cionn an dorais – àite lag air an toirteadh ionnsaigh.

An dùil carson a tha iad san dearbh àite sin?

**Gabh air ais suas an staidhre don làr ìseal 's a-mach don lios a-rithist.**

**Tha an turas a mhol sinn seachad a-nist. Ma tha ùine agad, dh'fhaodadh tu sùil a thoirt air àrainn na h-àtha air taobh clì an taigh-gheata.**



## CnCa

**C** Dè an àireamh is lugha de dh'inbhich a tha dhith airson stiùiridh?

**F** 1 inbheach do 10 sgoilear.

**C** A bheil e so-ruigsinneach do chiorramaich?

**F** Gheibhear a-steach don Ionad Tadhair le cathair-chuibhle, ach cha ruigear pàirtean eile den chaisteal ach le ceumannan. Tha taigh beag so-ruigsinneach ann.

**C** A bheil goireasan bìdh ann?

**F** Faodar ithe air an làraich. Faodar fasgadh fhaighinn sa chaisteal ri linn droch shìde.

**C** Càite bheil an taigh beag?

**F** Tha taigh beag san Ionad Tadhair - pìos beag on chaisteal. Feumar falbh mun tadhailear an tobht!

**C** An dèan sibh measadh-cunnairt air sgàth nan sgoiltean?

**F** Tha seo fo chùram an neach-teagaisg a tha mar cheann air a' bhuidheann. Gheibhear fios ann am bileagan-fiosrachaidh cunnairt a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor a chuidicheas tidsearan am measadh fhèin a dhèanamh.

**C** Bheil bùth ann?

**F** Tha bùth mòr ann a reiceas cairtean-puist, leabhair-treòir is cuimhneachain. Cuideachd tha café san Ionad Tadhair.

**C** An tabhann sibh turais treòraichte gu buidhnean sgoile?

**F** Ma bhios luchd-obrach ann is dòcha gun gabh turas a chur air dòigh.

## A' Tadhair Caisteal Urchadain

**Tadhail ro-làimh:** Molamaid gu mòr gun tadhair tidsearan saor 's an asgaidh air a' chaisteal gus a bhith eòlach air an làraich agus air na cunnartan mun tig buidheann.

**Ga chur air dòigh:** Cuir fòn gu 01456 450551 gus turas a chur air dòigh, na feuman agad a chur an cèill agus uairean-fosglaidh fhaighinn on stiùbhard.

**Cosgais:** Tha e saor 's an asgaidh do bhuidhnean foghlaim is sgoile. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu cò gheibh ann gun chosgais air làrach-lìn Ionad Foghlam Alba Aosmhor (faic shìos).

**Àite:** Tha Caisteal Urchadain air an A82, air bruthaichean Loch Nis, pìos beag a deas air Druim na Drochaid.

**Parcadh:** Tha ionad-parcaidh mòr ri taobh an Ionad Tadhair le rùm gu leòr do bhusaichean.

**Slàinte 's Sàbhailteachd:** Cum aire air na leanas:

- Bu chòir sgoilearan a bhith faiceallach a' dol suas staidhrichean snìomhanach cumhaing.
- Bu chòir sgoilearan a bhith fo stiùir fad na h-ùine, agus na streapadh iad air na ballachan.
- Cha bu chòir sgoilearan feuchainn ri ruith sìos na bruthaichean casa don loch.
- Ri linn aimsir fhliuch, bi faiceallach air clachan is feur sleamhainn.
- Agus sinn dileas don Turasachd Uaine, iarramaid gun tugar sgudal sam bith air ais don sgoil.

## Ionad-Foghlam Alba Aosmhor:

Airson barrachd fiosrachaidh air turasan, gnìomhan is goireasan don luchd-teagaisg ceangailte ri Caisteal Urchadain, tadhair: [www.historic-scotland.gov.uk](http://www.historic-scotland.gov.uk)

## Goireasan eile

### Don luchd-teagaisg:

Chris Tabraham *Urquhart Castle Alba Aosmhor 2002*. An leabhar-treòir oifigeil don làraich, a' toirt a-steach mion-fhiosrachadh, mapaichean is tòrr dhealbhan. Gu sònraichte math air beatha sa chaisteal le ceangailean ri rudan air thaisbeanadh san Ionad Tadhair.

Foghlam Alba Aosmhor *Investigating Medieval Castles in Scotland*, Alba Aosmhor 2005. Sàr-leabhran ga chur ri chèile don luchd-teagaisg le tòrr mhòlaidhean gu gnìomhan sgoile.

[www.undiscoveredscotland.co.uk/urquhartcastle](http://www.undiscoveredscotland.co.uk/urquhartcastle) Deagh chur-sìos air eachdraidh a' chaisteil, le dealbhan math.

[www.ltscotland.org.uk/scottishhistory](http://www.ltscotland.org.uk/scottishhistory) Leabharlann feumail de ghoireasan air eachdraidh na h-Alba, tòrr dhiubh a tha freagarrach do sgoilearan adhartach sa bhun-sgoil.

[www.scran.ac.uk](http://www.scran.ac.uk) Sàr-ghoireas de dhealbhan-camara is ìomhaighean.

### Gu sgoilearan:

Deary, *Horrible Histories: Bloody Scotland* Scholastic 1998.

Phil Roxbee Cox: *What were Castles For?* Foillseachadh Usborne 2002.

[www.nationalgeographic.com/castles/enter.html](http://www.nationalgeographic.com/castles/enter.html) Rannsaich caisteal mas fhior. <http://home.freeuk.net/elloughton13/castle1.htm> Stòras math dhealbhan de bheatha caisteil a ghabhas luchdachadh a-nuas.

[http://kotn.ntu.ac.uk/castle/castl\\_fm.html](http://kotn.ntu.ac.uk/castle/castl_fm.html)

Gnìomhan air-loidhne stèidhichte air Caisteal Nottingham.

[www.bbc.co.uk/scotland/education/as/burghlife/](http://www.bbc.co.uk/scotland/education/as/burghlife/) Rannsaich beatha baile an Alba san 16mh linn.

## Aitheantas

**Dealbhan:** Dealbhan uile © a' Chrùin, còraichean aig Alba Aosmhor

**Teacsa:** Elspeth Mackay

**Deasaiche an t-Sreath:** Sue Mitchell

**Deargadh:** N&Einteractive

**Leagan a-mach is clò-bhualadh:** The House

**Le taing mhòr** a thaobh oidhirpean pearsanta fa leth gu Chris Tabraham agus Seirbheisean Tadhair Caisteal Urchadain.